

Duais Sgrùdaidhean na h-Alba (Ìre SCQF 4) Notaichean Taic Duais

GG64 44

Dligheach bhon Lùnastal 2013

Faodar an gnè seo ath-nochdadh gu h-iomlan no ann an pàirt airson adhbharan foghlaim fhad's nach dèanar prothaid bhon ath-nochdadh agus, ma thèid ath-nochdadh ann am pàirt, gu bheileas ag innse cò às a thàinig e. Faodar barrachd leth-bhreacan de na Notaichean Taic Aonaid sin an luchdachadh sìos bho làrach-lìn UTA: www.sqa.org.uk.

Feuch an toir thu sùil air an not mu atharrachaidhean aig deireadh a' phàipeir seo far am faighear mion-fhiosrachaidh mu atharrachaidhean bho na tionndaidhean roimhe seo (far a bheil sin iomchaidh).

Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Stiùireadh Coitcheann airson na Duais	2
Seallaidhean air ionnsachaidh, teagaisg is measaidh	4
Co-ionannachd is in-ghabhail	12
Fiosrachadh Rianachd	17

Ro-ràdh

Chan eil na *Notaichean Taic Duais* sin àithneil. Bheir iad seachad comhairle is stiùireadh mu sheallaidhean air libhrigidh is measaidh *Duais Sgrùdaidhean na h-Alba (Ìre SCQF 4)*. Is ann dha luchd-teagaisg is òraidichean a tha iad. Bu chòir an leughadh ann an co-bhonn ri:

- ◆ *Gnè na Duais*
- ◆ na *Gnèithean Aonaid* airson na h-Aonadan àithneil is roghainneil a tha na h-Ionadan air taghadh gus cur ris an Duais
- ◆ na *Notaichean Taic* airson na h-Aonadan sin
- ◆ na stuthan taic measaidh airson na h-Aonadan sin

Stiùireadh Coitcheann airson na Duais

Amasan

Is e amas iomlan na Duais seo a bhith a' toirt aithne do luchd-ionnsachaidh a tha air roghnachadh an cuid eòlais air Alba a leudachadh thairis air a' churraicealaim. Tha cothrom cuideachd aig luchd-ionnsachaidh sgilean a tha cudromach airson ionnsachaidh soirbheachail neo-eisimeileach, a leasachadh, le taic stiùiridh.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na h-amasan mionaideach a th'aig an Duais seo ann an *Gnè Duais Sgrùdaidhean na h-Alba (Ìre SCQF 4)*.

Sgilean, eòlas is tuigse

Tha frèam-obrach farsaing is sùbailte aig an Duais seo, le raon farsaing de dh'Aonadan airson ionadan is luchd-ionnsachaidh a thaghadh a bharrachd air Aonad àithneil a dh'fheumas gach aon a chrìochnachadh. Mar sin, bidh na sgilean, an eòlas agus an tuigse sònraichte a tha gach neach-ionnsachaidh air a leasachadh an urra ris a' mheasgachaidh de dh'Aonadan roghainneil a thathas a' cleachdadh gus cur ris an Duais. Gheibhear mion-fhiosrachaidh airson Aonadan sònraichte taobh a-staigh nan *Notaichean Taic Aonaid* iomchaidh.

Gus an Duais fhaighinn feumaidh gach neach-ionnsachaidh crìoch a chur air an Aonad àithneil *Sgrùdaidhean na h-Alba: Cruinn-shealladh air Alba (Ìre SCQF 4)*. Anns an Aonad seo, leasaichidh iad eòlas is tuigse air cuspair de Sgrùdaidhean na h-Alba anns a bheil ùidh shònraichte aca. Ionnsaichidh iad cuideachd, le taic stiùiridh, a bhith :

- ◆ a' tighinn gu co-dhùnaidhean iomchaidh
- ◆ a' taghadh fiosrachaidh iomchaidh bho thùsan roghnaichte
- ◆ a' cleachdadh fiosrachaidh agus ghoireasan gus amas aontaichte a choileanadh
- ◆ a' cnuasachadh air an cuid ionnsachaidh
- ◆ ag aithneachadh agus a' conaltradh gu soilleir mu na tha iad air ionnsachadh.

Rangachaidhean

Gheibhear *Duais Sgrùdaidhean na h-Alba* aig ìrean SCQF 3-5. Tha mòran de na h-Aonadan a tha a' cur ris an Duais aig ìre SCQF 4 air an rangachadh le Aonadan a tha a' cur ris an Duais aig ìre SCQF 3 agus/no 5. Ach, tha grunn Aonadan ann nach fhaighear ach aig ìre SCQF 4 no 5 **a-mhàin**.

Ma tha ionadan an dùil an Duais a thabhann do bhuidhnean aig ioma-ìre feumaidh iad suim a thoirt dhan seo nuair a cho-dhùnas iad dè na roghainnean a gheibh an luchd-ionnsachaidh aca. Tha am *Pàipear-taice* ris na *Notaichean Taic* seo a' toirt ath-shealladh seachad air rangachadh thairis air an Duais aig ìrean

SCQF 3-5. Faodaidh Ionadan an fhiosrachadh seo a chleachdadh gus an cuideachadh le bhith a' dealbhadh roghainnean iomchaidh.

Seallaidhean air ionnsachaidh, teagaisg is measaidh

A' dealbhadh l bhrigeadh

Dh'fhaodar *Duais Sgr daidhean na h-Alba (ire SCQF 4)* a l bhrigeadh ann an grunn dh ighean. Dh'fhaodar a l bhrigeadh, mar eisimpleir, thairis air  ine cho-chruinneachaidh, no air st idh l n- ine no p irt- ine. Air an l imh eile, dh'fhaodar a l bhrigeadh leis fh in no ann an co-bhonn le teisteanasan eile thairis air aon no barrachd sheiseanan sgoilearach. Bidh an  ine as iomchaidh a roghnaicheas ionad s nraichte airson an Duais a l bhrigeadh an urra ris an  ine agus na goireasan a tha ri fhaighinn, feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus co-theacs an l bhrigidh.

Tha an Duais cuideachd thar-churraicealaim: feumaidh luchd-ionnsachaidh cr och a chur air Aonadan bho **thri** raointean cuspair eadar-dhealaichte, thairis air co-dhi  **d ** bhuidheann, a bharrachd air *Aonad Sgr daidhean na h-Alba: Cruinn-shealladh air Alba ( re SCQF 4)*  ithneil. Tha raon farsaing de roghainnean aig ionadan agus luchd-ionnsachaidh a thaobh Aonadan agus raointean cuspair a dh'fhaodar a thaghadh.

Cha mh r nach eil a h-uile gin de na h-Aonadan roghainneil san Duais cuideachd a' cur ri Teisteanasan N iseanta eile aig  re SCQF 4 (C rsaichean N iseanta, Duaisean Adhartais N iseanta, C rsaichean is Duaisean Sgilean airson Obair). Ma tha ionad a' l bhrigeadh *Duais Sgr daidhean na h-Alba (ire SCQF 4)* ri taobh Teisteanan N iseanta iomchaidh eile, bi sealladh co-ch mhla a thaobh l bhrigidh is measaidh comasach. Mar eisimpleir, ma tha neach-ionnsachaidh a' d anamh sgr dadh air C rsa *Beurla (N iseanta 4)* feumaidh iad cr och a chur air Aonad  ithneil *Beurla: Anailis is Measadh (N iseanta 4)*. Tha an Aonad seo – ma th id a l bhrigeadh agus a mheasadh ann an co-theacs Albannach – cuideachd na Aonad roghainneil airson *Duais Sgr daidhean na h-Alba (ire SCQF 4)*.

A' togail air na tha gu h- rd, dh'fhaodadh e a bhith na chuideachadh dha ionadan ma bhios iad a' dealbhadh sealladh **co- rdanaichte** a thaobh l bhrigidh thairis air raointean is roinnean cuspair iomchaidh, agus d mhan no raointean curraicealair mus l bhrig iad an Duais. Dh'fhaodadh gum bi sealladh co- rdanaichte na chuideachadh cuideachd gus d anamh cinnteach gun gabh ionadan a h-uile cothrom gus a bhith a' toirt ri ch ile measadh air an Duais agus measadh air Teisteanasan N iseanta eile, far a bheil sin iomchaidh.

Tha saorsa aig ionadan gus a bhith a' co- rdanachadh l bhrigidh ann an d igh a bhios freagarrach do na structaran, pr omhachasan agus goireasan taobh a-staigh aca fh in, agus an e las cuspair a gheibh iad. Ach, dh'fhaodadh aon shealladh toirt a-steach a bhith a' st idheachadh 'Sgioba Duais'. Taobh a-staigh an sgioba seo dh'fhaodadh a bhith a h-uile duine a tha an-s s ann a bhith a' l bhrigeadh na Duais no a' co- rdanachadh fiosrachaidh mu na roghainnean a rinn luchd-ionnsachaidh. Dh'fhaodadh 'Sti iriche Sgioba Duais' cuideachd a bhith

a' cuideachadh le bhith dèanamh cinnteach gu bheil ath-shealladh aig an ionad air obair na sgioba.

Aig an ìre dealbhaidh, dh'fhaodadh an 'Sgioba Duais' coinneachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na buill gu lèir ag aontachadh ri cùrsa na sgioba agus mothachail air gach fiosrachaidh iomchaidh. Aig àm lìbhrigidh, dh'fhaodadh buill na sgioba cuideachd coinneachadh bho àm gu àm gus beachdachadh air na seallaidhean lìbhrigidh is measaidh a tha iad a' cleachdadh; gus cuspairean is fuasglaidhean aithneachadh; gus gabhail pàirt ann an dearbhadh taobh a-staigh mar a tha sin iomchaidh a thaobh na h-Aonadan a tha iad a' libhrigeadh; agus gus beachdachadh air adhartas luchd-ionnsachaidh.

Co-theacsan Albannach

Mar a chaidh aithris mu-thrath, feumaidh gach neach-ionnsachaidh crìoch a chur air an *Aonad Sgrùdaidhean na h-Alba: Cruinn-shealladh air Alba (Ìre SCQF 4)* àithneil. A' bharrachd air an sin, tha grunn de dh'Aonadan roghainneil ann dha luchd-ionnsachaidh airson an taghadh.

Ann an cuid de na h-Aonadan roghainneil sin, feumaidh luchd-ionnsachaidh sgrùdadh a dhèanamh ann an co-theacs Albannach mar phàirt de *Aithris Inbhean m.e. Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach (Nàiseanta 4)* agus *Siubhal is Turasachd: Alba (Ìre SCQF 4)*. Tha na h-Aonadan roghainneil far a bheil co-theacs Albannach mar phàirt àithneil de dh'ionnsachaidh, teagaisg is measaidh air an liostadh gu h-ìseal:

Aonadan ann am Buidheann 1: Cànan is Litreachas	
Gàidhlig no Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Gàidhlig: Anailis Measadh
	Gàidhlig: Cruithachadh agus Dèanamh
	Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig: A' cleachdadh cànan
	Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig: A' tuigse Gàidhlig
	Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) airson adhbharan obrach
	Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) airson beatha
	Gàidhlig: Ag èisteachd
	Gàidhlig: A' bruidhinn
	Gàidhlig: A' sgrìobhadh
	Gàidhlig: A' leughadh
Aonadan ann am Buidheann 2: Coimhearsnachd is Àrainneachd	
ESOL	ESOL: A' fuireach ann an Alba
Eachdraidh	Sgrùdadh eachdraidheil: Albannach
Nua-sgrùdaidhean	Nua-sgrùdaidhean: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte
Aonadan ann am Buidheann 3: Ealain is Dualchas	
Dannsa	Dannsa: Albannach
Ceòl	Teoiric Pìob Mhòr na h-Alba: A' phìob mhòr
Aonadan ann am Buidheann 4: Malairt, Gnìomhachas is Cosnadh	
Cùram	Cùram: Luachan is Prionnsapalan
	Ag obair ann an Tràth Fhoghlaim is Cùram Chloinne
Siubhal is Turasachd	Siubhal is Turasachd: Alba.

Airson Aonadan eile, tha saorsa aig ionadan a bhith a' taghadh co-theacs iomchaidh airson libhrigidh m.e. *Nuadh-sgrùdaidhean: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte (Nàiseanta 4)* agus *Ealan is Dealbhadh: Gnìomhachd Brioghmhor (Nàiseanta 4)*. Airson Aonadan san roinn seo, **feumaidh** ionadan co-theacs ionnsachaidh, teagasg **agus** measaidh Albannach a thaghadh ma tha an aonad gu bhith a' cur ris an Duais seo. Faodaidh ionnsachadh is teagasg cuideachd a bhith a' toirt a-steach co-theacsan taobh a-muigh na h-Alba, ach **feumaidh** an co-theacs Albannach a bhith taobh a-staigh measadh an Aonaid. Tha na h-Aonadan sin, an cois stiùireadh mu bhith a' cleachdadh cho-theacsan Albannach, air an liostadh air an duilleag a leanas.

Aonadan ann am Buidheann 1: Cànan is Litreachas		
Cuspair	Aonad	Co-theacsan Albannach
Beurla	Beurla: Anailis is Measadh	Sgrùdadh air teacs sgrìobhte Albannach (a' toirt a-steach theacsan ann an Albais/dual-chainnt de Albais) iomchaidh airson ìre SCQF 4. Agus/No Sgrùdadh air teacs gnìomhachd cànan labhairteach le fòcas Albannach no ann an Albais/dual-chainnt de Albais.
	Beurla: Cruthachadh is Dèanamh	A' dèanamh teacs simplidh sgrìobhte le/air tèama Albannach no ann an Albais/ dual-chainnt de Albais. Agus/No Pàirteachas ann an eadar-ghnìomh simplidh labhairteach le/air tèama Albannach no ann an Albais/dual-chainnt de Albais.
Aonadan ann am Buidheann 2: Coimhearsnachd is Àrainneachd		
Saidheans Àrainneachd	Saidheans Àrainneachd: Goireasan na Cruinne	Sgrùdadh air cuid no a h-uile prìomh raon ann an co-theacs Albannach: - seasmhachd goireasan nàdurach na h-Alba agus mar a dh'fhaodadh seo bualadh air gnìomhachd daonna na h-Alba. - eadar-ghnìomh eadar daoine agus an àrainneachd agus a' bhuidhean air gnìomhachd daonna ann an sgìre an Alba. - modhan-obrach àiteachais ann an toradh bìdh is stuthan-obrach ann an Alba agus a' bhuidhean agus seasmhachd àrainneachd a tha aige.

		<ul style="list-style-type: none"> - feumalachdan cumhachd na h-Alba. - buaidhean air leasachaidhean ann an fo-structar còmhdaile air raon sònraichte de dh'Alba agus leasachadh air siostaman seasmhach.
	Saidheans Àrainneachd: Seasmhachd	<p>Sgrùdadh air cuid no a h-uile prìomh raon ann an co-theacs Albannach:</p> <ul style="list-style-type: none"> - cleachdadh dleistanach is glèidheadh ghoireasan neo-nuadhachail agus ath-nuadhachail ann an Alba. - cruthachadh agus cleachdadh connadh fosail ann an Alba. - cunnartan is buannachdan tùsan cumhachd eadar-dhealaichte a thathas a' cleachdadh ann an Alba, a' toirt a-steach na thathas a' faighinn bho phlanntaichean.
Cruinn-eòlas	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Corporra	Sgrùdadh air seòrsa dealbh-tìre iomchaidh ann an Alba.
Slàinte is Teicneòlas Bìdh	Slàinte is Teicneòlas Bìdh: Cùisean Bìdh Co-aimsireil	Sgrùdadh air roghainnean bìdh do luchd-ceannach ann an Alba a' toirt a-steach fheartan a tha a' toirt buaidh air roghainnean luchd-ceannach, cùisean bìdh co-aimsireil, leasachaidhean teicneòlais, agus bhuidhnean a tha a' dìon ùidhean luchd-ceannach.
Nuadh-sgrùdaidhean	Nuadh-sgrùdaidhean: Cùisean Sòisealta anns an Rìoghachd Aonaichte	Sgrùdadh air cùisean no-ionannachd sòisealta no eucoir agus an lagh taobh a-staigh na h-Alba.
Daoine agus Coimhearsnachd	Daoine agus Coimhearsnachd: A' sgrùdadh sgilean	Sgrùdadh air cuspair no cùis le iomchaidheachd co-aimsireil no eachraidheil ann an Alba, bho shealladh dà chuspair sòisealta/fhoghlaim saidheans sòisealta..
	Daoine agus Coimhearsnachd: A' dèanamh coimeas is ana-coimeas	A' dèanamh coimeas is ana-coimeas air ionannachdan agus/no eadar-dhealachaidhean a thaobh cuspair no cùis le iomchaidheachd co-aimsireil no eachraidheil ann an Alba, bho shealladh dà chuspair sòisealta/fhoghlaim saidheans sòisealta..

	Daoine agus Coimhearsnachd: A' dèanamh cho-dhùnaidhean	Dèan co-dhùnaidhean air cuspair no cùis le iomchaidheachd co-aimsireil no eachdraidheil ann an Alba, bho shealladh dà chuspair sòisealta/fhoghlaim saidheans sòisealta.
Diadhachd	A' sgrùdadh diadhachd is creideimh	Sgrùdadh air cuspair a' toirt a-steach diadhachd no creideimh le iomchaidheachd co-aimsireil no eachdraidheil ann an Alba.
Sgilean dùthchail	Àrainneachd dùthchail: Roi-ràdh	Sgrùdadh air àrainneachd dùthchail iomchaidh ann an Alba.
	Gnèithean dùthchail: Aithne is Àrainn	Sgrùdadh air gnèithean dùthchail agus àrainn ann an àrainneachd dùthchail, sgìreil no bailteil iomchaidh ann an Alba.
Aonadan ann am Buidheann 3: Ealain is Dualchas		
Meadhanan	Mion-sgrùdadh air susbaint nam meadhanan	Dèan mion-sgrùdadh sìmplidh air co-dhiù aon eisimpleir de shusbainnt meadhanan na h-Alba.
	A' cruthachadh susbainnt nam meadhanan	Cruthaich susbainnt sìmplidh meadhanan stèidhichte air brosnachaidh Albannach no air tèama Albannach.
Ealan is Dealbhadh	Ealan is Dealbhadh: Gnìomhachd Brioghmhor	Sgrùdadh air buaidhean air, agus brosnachaidh de, luchd-ealain Albannach agus an cuid obrach. Toirt bheachdan cruthachail gu buil airson obair ealain brioghmhor stèidhichte air cuspair Albannach iomchaidh.
	Ealan is Dealbhadh: Gnìomhachd Dealbhaidh	Ag aithneachadh na rudan a thug buaidh agus a bhrosnaich dealbhadairean Albannach agus an cuid obrach. Leasachadh air beachdan dealbhaidh mar fhreagairt air stiùireadh le tèama Albannach.
Dràma	Sgilean dràma	Dèan sgrùdadh is cur ri pròiseas dràma le bhith a' rannsachadh, a' dealbhadh agus a' cruthachadh dràma stèidhichte air brosnachadh le tèama Albannach.
Ceòl	Ceòl: Sgilean cluiche	Leasaich is cnuasaich air sgilean ciùil is teicnigeach tro bhith a' cluich/seinn ceòl sìmplidh Albannach.
	Ceòl: Sgilean sgrìobhaidh	Cruthaich ceòl tùsail aig ìre bunaiteach stèidhichte air brosnachadh Albannach.

Aonadan ann am Buidheann 4: Malairt. Gnìomhachas is Cosnadh		
Malairt	Malairt an gnìomh	Sgrùdadh air mar a tha gnìomhachasan beaga ann an Alba ag obair agus a' sàsachadh feumalachdan luchd-ceannach, agus na prìomh ghnìomhan-obrach aca.
Gnìomhachasan cruthachail	Gnìomhachasan cruthachail: Bunaiteach	Sgrùdadh air roinnean, modhan obrach agus na sgilean a tha riatanach ann an gnìomhachas cruthachail an Alba.
Meadhanan Àireamhail Cruthachail	Meadhanan Àireamhail Cruthachail: Roi-ràdh don gnìomhachas	Sgrùdadh air: roinnean, modhan-obrach is slighean-obrach anns a' ghnìomhachas àireamhail an Alba; sgilean is feartan a tha iomchaidh do mhodhan-obrach aithnichte ann an Alba.
Saidheans Innleadaireach	Co-theacsan is Dùbhlannan Innleadaireach	Sgrùdadh air dùbhlannan innleadaireach sònraichte ann an Alba. Sgrùdadh air cuid de na buannachdan innleadaireachd ann an co-theacsan Albannach sònraichte.
Roinn Slàinte	Roinn Slàinte: Roi-ràdh	Sgrùdadh air raon sholarachaidhean is sheirbheisean anns an raon slàinte an Alba, agus na sgilean a tha riatanach gus a bhith ag obair san raon seo.
Aoigheachd	Aoigheachd: Ag obair anns a' ghnìomhachas aoigheachd	Sgrùdadh air roinnean eadar-dhealaichte, dreuchdan is slighean obrach ann an gnìomhachas aoigheachd na h-Alba, agus na sgilean a tha riatanach airson obair san raon seo.

Ionnsachadh, teagasg is measadh

Leis na raointean farsaing de dh'Aonadan as urrainn cur ris an Duais seo, bidh seallaidhean ionnsachaidh, teagasg is measaidh iomchaidh ag atharrachadh thairis air ionadan agus airson luchd-ionnsachaidh fa-leth. Bu chòir luchd-teagasg is òraidichean sùil gheur a thoirt air na *Gnèithean Aonaid* agus *Not Taic Aonaid* iomchaidh.

A' toirt breith air an fhianais

Feumar breithneachadh a thoirt air fianais neach-ionnsachaidh airson Aonadan sònraichte an-aghaidh *Aithris Inbhean (Toraidhean, Inbhean Measaidh agus Riatanasan Fianais)* anns a' Ghnè Aonaid iomchaidh. Bu chòir luchd-teagasg is òraidichean sùil gheur a thoirt air a' phaca *Taic Measaidh Aonaid* iomchaidh.

Feumar dearbhadh taobh a-staigh a dhèanamh air a h-uile measadh Aonaid a' cleachdadh pròiseasan dearbhaidh aontaichte gach ionaid agus bidh seo fo smachd dearbhaidh taobh a-muigh ÙTA.

A' leasachadh sgilean airson ionnsachaidh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Thathas an dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, gnèitheach airson ionnsachaidh, sgilean airson beatha is sgilean airson obair fhad's a bhios iad a' cur crìoch air an Duais seo. Gheibhear mion-fhiosrachaidh mu na sgilean seo ann an *Frèam-obrach Sgilean: Sgilean airson Ionnsachaidh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair* aig ÙTA. Bidh raon sònraichte nan sgilean sin a leasaicheas luchd-ionnsachaidh an urra ri co-chòmhla nan Aonadan roghainneil a gheibh iad mar phàirt den Duais. Ach, cuiridh gach neach-ionnsachaidh crìoch air Aonad *Sgrùdaidhean na h-Alba: Fòcas air Alba (ìre SCQF 4)* a bheir cothroman dhaibh na sgilean air an liostadh gu h-ìseal a leasachadh. Faodar na cothroman sin a thoirt a-steach don Duais mar a tha sin iomchaidh.

Prìomh Sgilean	Fo-sgil iomchaidh
<p>3. Slàinte is Maitheas Is e seo an comas air cùram a ghabhail dhìot fhèin agus dha càch, agus uallach a ghabhail den ionnsachadh agus den t-sochair agad fhèin. Bheir e a-steach riaghladh nam faireachdainnean agad, leasachadh sealladh adhartach is gnìomhach air beatha agus a' togail càirdeas le daoine eile.</p>	<p>3.1 Ionnsachadh Pearsanta Tha seo a' ciallachadh a bhith an-sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh agus mar as urrainn sin a dhealbhadh, a' lorg a choileanadh agus a chumail seasmhach. Bheir e a-steach cuideachd leantainn air neònachas, smaoineachadh gu structarail, a' cnuasachadh agus ag ionnsachadh bho eòlas.</p>
<p>4. Comas obrach, Iomairt is Saoranachd Is e seo an comas air sgilean, tuigse agus feartan pearsanta a leasachadh, a' toirt a-steach sealladh adhartach a thaobh obair, dèiligeadh ri càch agus ri goireasan an t-saoghail.</p>	<p>4.4 Iomairt Tha iomairt a' ciallachadh: an comas a bhith cruthachail, sùbailte agus goireasach le sealladh adhartach air atharrachadh; a' tuigse cuin is ciamar a bu chòir iomairt is ùrachadh a chleachdadh; comas air measadh a dhèanamh air cunnartan gus taic a thoirt do cho-dhùnidhean fa-leth is lòdach; agus comas mu bhith a' cur ìmpidh air daoine eile a dhol air adhart le co-iomairt.</p> <p>4.6 Saoranachd Bheir saoranachd a-steach: a bhith a' gabhail dragh mun àrainneachd agus airson càch; a bhith mothachail air còirichean agus dleastanasan; a bhith</p>

	<p>mothachail air coimhearsnachd deamocratach; a bhith coimhead a-mach a dh'ionnsaigh coimhearsnachd; a bhith comasach air do dhleastanas pearsanta aithneachadh sa cho-theacs seo; agus a bhith mothachail air cùisean cruinne, a' tuigse d'uallach fhèin am broinn sin agus a bhith ga làimhseachadh gu cùramach.</p>
<p>5. Sgilean smaoineachaidh Is e seo an comas air sgilean tuigse a thaobh cuimhneachadh, aithneachadh, tuigse, cur an-gnìomh, mion-sgrùdadh, measadh is cruthachadh, a leasachadh.</p>	<p>5.1 A' cuimhneachadh Is e seo an comas air aithneachadh agus cuimhneachadh na thachair, tachartasan agus toraidhean.</p> <p>5.2 A' tuigse Is e seo an comas air sealltainn ciall chuspairean fiosrachaidh, òrdugh thachartasan a mhìneachadh agus am mìneachadh ann an suidheachadh no co-theacs eadar-dhealaichte.</p> <p>5.3 A' cur an-gnìomh Is e seo an comas air fiosrachadh gnàthaichte a chleachdadh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadas ann an co-theacs eadar-dhealaichte, agus gus gnìomhan a dhealbhadh, eagrachadh agus a chrìochnachadh.</p> <p>5.5 A' cruthachadh Is e seo an comas air rudeigin ùraichte a dhealbhadh no nì gnàthaichte a leasachadh le bhith cur meudachd no sealladh ùr ris. Bheir seo a-steach comas air dèanamh, sgrìobhadh, labhairt no dèanamh rudeigin ùr.</p>

Co-ionannachd is in-ghabhail

Thathas ag aithneachadh gu bheil an dleastanasan fhèin aig ionadan fo reachdas co-ionannachd agus iomairtean poileasaidh. Tha an stiùireadh a gheibhear anns na *Notaichean Taic Duais* sin air a dhealbhadh gus suidhe taobh ri taobh ris na dleastanasan sin ach tha e sònraichte airson libhrigidh is measaidh an Aonaid.

Bu chòir seallaidhean air measaidh suim a ghabhail de fheumalachdan sònraichte luchd-ionnsachaidh. Ach, feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gu bheileas a' cumail dlìgheachas a' mheasaidh agus gu bheil cothrom aig a h-uile sealladh air measaidh fianais coileanaidh a nochdadh a' còmhdach gach Inbhe Toraidh is Measaidh dha gach aon de na h-Aonadan a tha a' cur ris.

Pàipear-taice : Rangachadh thairis air *Duais Sgrùdaidhean na h-Alba* bho ìre SCQF 3-5

Raon cuspair	Aonad ìre SCQF 3	Aonad ìre SCQF 4	Aonad ìre SCQF 5
Buidheann 1: Cànan is Litreachas			
Beurla	Beurla: A' tuigse cànan	Beurla: Mion-sgrùdaidh is measadh	Beurla: Mion-sgrùdaidh is measadh
	Beurla: A' dèanamh cànan	Beurla: Cruthachadh is dèanamh	Beurla: Cruthachadh is dèanamh
Gàidhlig / Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh	Gàidhlig: A' tuigse cànan	Gàidhlig: Mion-sgrùdadh is measadh	Gàidhlig: Mion-sgrùdadh is measadh
	Gàidhlig: A' dèanamh cànan	Gàidhlig: Cruthachadh is dèanamh	Gàidhlig: Cruthachadh is dèanamh
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' cleachdadh cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' cleachdadh cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' cleachdadh cànan
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' tuigse cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' tuigse cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' tuigse cànan
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson adhbharan obrach	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson adhbharan obrach	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson adhbharan obrach
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson beatha	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson beatha	
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Ag èisteachd	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Ag èisteachd	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Ag èisteachd
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' bruidhinn	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' bruidhinn	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' bruidhinn
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' sgrìobhadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' sgrìobhadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' sgrìobhadh
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' leughadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' leughadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): A' leughadh
Buidheann 2: Coimhearsnachd is Àrainneachd			
Cànan is Dualchas			Cànan is Dualchas Co-aimsireil na Gàidhlig: Roi-ràdh
Fearann is Àrainneachd			Sgrùdadh Gnìomhachas Dùthchail
			Dith-iomadachd is Dealbh-tìre ann an Alba: Roi-ràdh
			Glèidhteachas Làimhseachail: Riaghladh Àrainn ann an Alba
			Bith-iomadachd ann an Alba
			Cleachdadh Fearann

			Dùthchail
Saidheans Àrainneachd	Saidheans Àrainneachd: Goireasan na Cruinne	Saidheans Àrainneachd: Goireasan na Cruinne	Saidheans Àrainneachd: Goireasan na Cruinne
	Saidheans Àrainneachd: Seasmhachd	Saidheans Àrainneachd: Seasmhachd	Saidheans Àrainneachd: Seasmhachd
ESOL		ESOL: A' fuireach ann an Alba	ESOL: A' fuireach ann an Alba
Cruinn-eòlas	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Corporra	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Corporra	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Corporra
Teicneòlas Slàinte is Bìdh	Teicneòlas Slàinte is Bìdh: Cùisean Bìdh Co-aimsireil	Teicneòlas Slàinte is Bìdh: Cùisean Bìdh Co-aimsireil	Teicneòlas Slàinte is Bìdh: Cùisean Bìdh Co-aimsireil
Eachdraidh	Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach	Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach	Sgrùdadh Eachdraidheil: Albannach
Nua-sgrùdaidhean	Nua-sgrùdaidhean: Cùisean Sòisealta anns an Rìoghachd Aonaichte	Nua-sgrùdaidhean: Cùisean Sòisealta anns an Rìoghachd Aonaichte	Nua-sgrùdaidhean: Cùisean Sòisealta anns an Rìoghachd Aonaichte
	Nua-sgrùdaidhean: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte	Nua-sgrùdaidhean: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte	Nua-sgrùdaidhean: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte
Daoine agus Coimhearsnachd	Daoine agus Coimhearsnachd: A' sgrùdadh sgilean	Daoine agus Coimhearsnachd: A' sgrùdadh sgilean	
	Daoine agus Coimhearsnachd: A' dèanamh coimeas agus eu-coimeas	Daoine agus Coimhearsnachd: A' dèanamh coimeas agus eu-coimeas	
	Daoine agus Coimhearsnachd: A' co-dhùnadh	Daoine agus Coimhearsnachd: A' co-dhùnadh	
Diadhachd	A' sgrùdadh diadhachd is creideimh	A' sgrùdadh diadhachd is creideimh	A' sgrùdadh diadhachd is creideimh
Sgilean Dùthchail		Àrainneachd Dùthchail: Roi-ràdh	
		Gnèithean Dùthchail: Aithne is Àrainn	
Eòlas-comainn			Eòlas-comainn: Cùisean sòisealta
Feallsanachd			Feallsanachd: Eòlas is Teagamh

Buidheann 3: Ealain is Dualchas			
Meadhanan	Mion-sgrùdadh air Susbainnt nam meadhanan	Mion-sgrùdadh air Susbainnt nam meadhanan	Mion-sgrùdadh air Susbainnt nam meadhanan
	A' cruthachadh susbainnt nam meadhanan	A' cruthachadh susbainnt nam meadhanan	A' cruthachadh susbainnt nam meadhanan
Ealan is Dealbhadh	Ealan is Dealbhadh: Gníomhachd Brioghmhor	Ealan is Dealbhadh: Gníomhachd Brioghmhor	Ealan is Dealbhadh: Gníomhachd Brioghmhor
	Ealan is Dealbhadh: Gníomhachd Dealbhaidh	Ealan is Dealbhadh: Gníomhachd Dealbhaidh	Ealan is Dealbhadh: Gníomhachd Dealbhaidh
Dannsa		Dannsa: Albannach	
			Dannsa: Eile
			Dannsa: Sgilean Teicniceach
Dràma	Sgilean Dràma	Sgilean Dràma	Sgilean Dràma
			Dràma Coimhearsnachd
Ceòl	Ceòl: Sgilean Cluiche	Ceòl: Sgilean Cluiche	Ceòl: Sgilean Cluiche
	Ceòl: Sgilean Sgrìobhaidh	Ceòl: Sgilean Sgrìobhaidh	Ceòl: Sgilean Sgrìobhaidh
		Teoiric Piob Mhòr na h-Alba: Piob Mhòr	Teoiric Piob Mhòr na h-Alba: Piob Mhòr
			Ceòl is Òrain Ghàidhlig Co-aimsireil
Buidheann 4: Malairt, Gníomhachas is Cosnadh			
Malairt/Riaghladh malairt	Malairt an gnìomh	Malairt an gnìomh	A' tuigse malairt
Cùram		Cùram: Luachan is Prionnsapalan	Cùram: Luachan is Prionnsapalan
		Ag obair ann an tràth fhoghlaim is cùram chloinne	Ag obair ann an tràth fhoghlaim is cùram chloinne
			Seirbheisean sòisealta ann an Alba: Roi-ràdh
Gníomhachasan Cruthachail			Gníomhachasan Cruthachail: Roi-ràdh
		Gníomhachasan Cruthachail: Bunaiteach	
Meadhanan Àireamhail		Meadhanan Àireamhail: Roi-ràdh	
Eaconomaics			Gníomhachd Margaidh agus Eaconomaidh na h-Alba
			Gníomhachd Eaconomaidh na RA

Saidheans Innleadaireachd		Co-theacsan is Dùbhlannan Innleadaireachd	Co-theacsan is Dùbhlannan Innleadaireachd
Seirbheisean Ionmhais			Seirbheisean Ionmhais: Roi-ràdh
An Clò Hearach			An Clò Hearach: Roi-ràdh don Ghnìomhachd
			An Clò Hearach: Roi-ràdh do dhòighean margaidh is brosnachaidh
Roinn na Slàinte		Roinn na Slàinte: Ag obair ann an Roinn na Slàinte	Roinn na Slàinte: Ag obair ann an Roinn na Slàinte
Aoigheachd		Aoigheachd: Ag obair ann an Gnìomhachd Aoigheachd	
Saidheans Deuchainn-lann			Saidheans Deuchainn-lann: Cùrsan-beatha a' cleachdadh saidheans deuchainn-lann
Siubhal is Turasachd		Siubhal is Turasachd: Alba	Siubhal is Turasachd: Alba
			Cinn-uidhe Turasachd Eileanan Bhreatainn

Fiosrachadh Rianachd

Air fhoillseachadh: mìos agus bliadhna (tionndadh 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean do Notaichean Taic Duais

Fios Duais	Dreach	Mineachadh air atharrachadh	Ceadaichte le	Ceann-là

Faodar am pàipear seo ath-fhoillseachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad's nach dèanar prothaid às agus ma thèid ath-fhoillseachadh ann am pàirt, gun toirear iomradh air cò às a thàinig e. Faodar tuilleadh leth-bhreacan a luchdachadh sìos bho làrach-lìn ÙTA aig www.sqa.org.uk.

Not: Thathas gad chomhairleachadh sùil a thoirt air làrach-lìn ÙTA (www.sqa.org.uk) gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire dheth.

© Ùghdarras Teisteanas na h-Alba 2013